

UHI Research Database pdf download summary

Linguistic Naturalism and Language Activism

Armstrong, Timothy Currie

Publication date:
2016

The re-use license for this item is:
CC BY-NC-ND

The Document Version you have downloaded here is:
Peer reviewed version

[Link to author version on UHI Research Database](#)

Citation for published version (APA):
Armstrong, T. C. (2016). *Linguistic Naturalism and Language Activism*. Paper presented at Celtic Sociolinguistics Symposium, Dublin, Ireland.

General rights

Copyright and moral rights for the publications made accessible in the UHI Research Database are retained by the authors and/or other copyright owners and it is a condition of accessing publications that users recognise and abide by the legal requirements associated with these rights:

- 1) Users may download and print one copy of any publication from the UHI Research Database for the purpose of private study or research.
- 2) You may not further distribute the material or use it for any profit-making activity or commercial gain
- 3) You may freely distribute the URL identifying the publication in the UHI Research Database

Take down policy

If you believe that this document breaches copyright please contact us at RO@uhi.ac.uk providing details; we will remove access to the work immediately and investigate your claim.

Ionnsachadh Gàidhlig Inbheach mar Iomairteachd Chànain

Timothy Currie Armstrong

Sabhal Mòr Ostaig

Ath-bheothachadh Cànain mar Ghluasad Sòisealta

Chan eil teagamh ann gur e gnìomh iom-thaobhach a th' ann an ath-bheothachadh cànain, agus gus an gnìomh a thuigsinn gu ceart, gum feumar a sgrùdadh bho dhiofar sheallaidhean eadar-dhealaichte. Ach aig a' cheart àm, tha e cothromach a ràdh, gu ruige seo, gun robh ath-bheothachadh cànain ga sgrùdadh anns a' chuid as motha bho sheallaidhean a tha a' beantainn ri poileasaidh cànain ann an dòigheigin, bho phoileasaidh cànain aig a' mhòr-ìre, aig ìre na stàite no aig ìrean os cionn na stàite (m.e.: McLeod 2002; Walsh & McLeod 2008), gu poileasaidh cànain aig a' mhion-ìre, anns an t-seòmar-chlas mar eisimpleir, no fiù 's anns an teaghlach (m.e.: Armstrong 2014; Smith-Christmas 2016). Tha an rannsachadh air ath-bheothachadh bho shealladh poileasaidh-chànain air a bhith torach gun amharas, ach thig claonadh an lùib an t-seallaidh seo cuideachd, agus 's e sin gur e tuigse bhàrr-a-nuas a bheir poileasaidh cànain do sgrùdadh gnìomh an ath-bheothachaidh anns an t-seagh gun tuigear gur e rud a th' ann am poileasaidh a shruthas bhon chuid le cumhachd ann am buidhinn a-nuas dhan bhallrachd aig a bhonn. Ach tha e soilleir gu bheil sgeulachd eile ri innse mu ath-bheothachadh cànain a tha a cheart cho cudromach, agus 's e sin mar a nì daoine saothair gus cor chànanan a leasachadh bhon bhonn-a-nìos. Tha an sgeulachd seo a-mach air — chan ann mar a chleachdas uachdaranan innleachdan teicneocratach gus poileasaidh cànain a chur an sàs bhon a' bhàrr — ach mar a nì daoine àbhaisteach strì às na freumhan gus poileasaidh-

cànain atharrachadh an aghaidh nan sruthan cumhachd stèidhichte anns a' chomann aca. 'S e seo an sealladh gluasaid-shòisealta air ath-bheothachadh cànain, agus leis cho cudromach 's a bha iomairtean bonn-a-nìos ann an soirbheas ath-bheothachadh cànain ann an iomadh suidheachadh, is iongantach nach deach an gnìomh a sgrùdadh barrachd bhon t-sealladh seo gu ruige seo.

Tha cleachdadh-cànain am measg nan dèanadasan sòisealta as deamocrataich a nì an cinne-daonna; tha pàtranan cleachdaidh chànain ann an comann an eisimeil iomadh taghadh-cànain a nì cleasaichean sòisealta nam beatha làitheil, bho mhionaid gu mionaid, agus gu h-ìre mhòir, taobh a-muigh sructaran àrda foirmeil a' chomainn anns a bheil iad beò. Chan eil seo idir a' ciallachadh nach eil poileasaidh cànain na stàite, no poileasaidhean foghlaim, no reachdan cànain cudromach no buadhach, ach a-mhàin gu bheil mòran dhen dèanadas-chànain againn ga riaghladh barrachd leis a' cho-òrdanachadh de bharailean, de sheasamhan agus de ghnàthan-cànain a thuigear ri chèile mar ideòlas-cànain. Ma thathas ag iarraidh dèanadas-cànain atharrachadh ann an comann, chan fhòghain e, leis fhèin, gun atharraichear àrd-sructaran a' chomainn an taic ris an dèanadas ùr; feumar, ann an dòigheigin, ideòlas-cànain a' phobaill anns a' chomann atharrachadh cuideachd, agus seo far a bheil gluasad sòisealta, ga fhreumhachadh anns a' phoball choitcheann, na riatanas. (cf. Dauenhauer agus Dauenhauer 1998, 96–7) Bidh sinn uile a' cleachdadh chànainan ri chèile gu soirbheachail mar thoradh air co-aonta farsaing, gu h-ìre mhòr neo-labhairte, air dè còd a chleachdas sinn le cò agus cuin. 'S urrainn do phoileasaidh cànain reachdail air choreigin a' dol le no an aghaidh miann a' phobaill, ach a dh'aindeoin àrd-sructaran agus stiùireadh nan ùghdarrasan, tha dèanadas cànain uabhasach doirbh atharrachadh bhon bhàrr a-nuas. (faicibh Spolsky 2004, 217–223) Mar a sgrìobh Jaffe, mur eil gluasad sòisealta làidir anns a' choimhearsnachd às leth cànain ann an cunnart, chan eil coltas ann gum bi cus èifeachd ann an dealbhadh-cànain le ùghdarrasan na coimhearsnachd:

For the sociolinguists, the collectivity is the only legitimate or practical source of linguistic authority; for language planning to be successful, it must work from the bottom-up [...] the “bottom up” approach is difficult to reconcile with language planners’ desire to rejuvenate an interest in minority languages that is not necessarily shared by the majority of the minority population.

(Jaffe 1999, 155–6)

Bhite an dùil gum biodh gluasad shòisealta air choireigin, lag no làidir, air cùl a h-uile iomairt ath-bheothachaidh, agus leis a’ chaochladh shoirbheis a chithear air feadh an t-saoghail eadar diofar iomairtean, faodar a’ cheist a chur, ciamar a tha nàdar a’ ghluasaid shòisealta air cùl na h-iomairte a’ cur ri a soirbheas? Ma thathas an dùil gu bheil taic bhonn-a-nìos deatamach do leasachadh cànan ann an cunnart, an urrainnear factaran a lorg a neartaicheas an taic sin agus leanas gu iomairt ath-leasachaidh nas treasa? Mar eisimpleir, tuigear a-nis gu bheil foghlam inbheach air leth cudromach do dhàn chànanan beaga fo chunnart, agus togaidh sin a’ cheist, ciamar a bhios luchd-ionnsachaidh gu sònraichte a chur ri ath-bheothachadh cànan mar iomairt bhonn-a-nìos? A bheil dàimh ri lorg eadar an soirbheas a th’ aig labhraichean ùra anns na tionnsgnaidhean-ionnsachaidh¹ aca agus neart a’ ghluasaid shòisealta an taic ris a’ chànan a tha iad ag ionnsachadh? Anns a’ phàipear a leanas, sgrùdar na ceistean seo agus bheirear sùil air foghlam inbheach Gàidhlig bho shealladh gluasaid-shòisealta gu sònraichte. Nithear argamaid gun gabh labhraichean inbheach ùra gu làidir ri iomairt ath-bheothachadh a’ chànan ùir aca mar thoradh air an t-suidheachadh shòisealta àraid anns a dh’ionnsaichear cànan beag fo chunnart mar a’ Ghàidhlig.

¹ Faicibh Coffey agus Street (2008) a-mach air a’ bhun-bheachd “language learning project”.

Ionnsachadh agus Iomairteachd

Tha ionnsachadh cànan bhig fo chunnart mar a' Ghàidhlig gu bunasach eadar-dhealaichte bho ionnsachadh cànan mhòir nàiseanta thèarainte mar chànan cèin. (cf. Hinton 2011) Ged a tha na gnìomhan tro an tèid diofar chànanan ionnsachaidh uile coltach ri chèile aig ìre chognatach, aig ìre shòisealta, thèid cànanan tèarainte nàiseanta agus cànanan ionadail fo chunnart a chleachdadh ann an dòighean gu tur eadar-dhealaichte bho chèile, agus mar sin, cuiridh ionnsachadh an dà sheòrsa cànan dùbhlanaidh conaltraidh eadar-dhealaichte ro an luchd-ionnsachaidh aca. Anns a' phàipear seo, cuirear argamaid air adhart gun tuigear an taobh sòisealta de dh'ionnsachadh Gàidhlig inbheach nas fheàrr mar sheòrsa iomairteachd cànan aig a' mhion-ìre, agus gur ann tric a dh'fheumas luchd-ionnsachaidh Gàidhlig inbheach a dhol an sàs ann an ath-bheothachadh na Gàidhlig mar iomairtichean *ad hoc* fhad sa thèid iad air adhart anns na tionnsgnaidhean-ionnsachaidh cànan aca. Anns an t-seagh seo, nithear argamaid, chan e a-mhàin gun tig cuid de luchd-ionnsachaidh dhan Ghàidhlig le miann air ath-bheothachadh na Gàidhlig – is cinnteach gun tig mòran – ach nas bunasaich na sin, gus cànan beag fo chunnart mar a' Ghàidhlig ionnsachadh gu soirbheachail, gum feumar gabhail ri seasamh iomairteach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig aig a' mhion-ìre, agus gun toir an seasamh seo buaidh air an dòigh a chleachdas labhraichean ùra a' Ghàidhlig, fiù 's an dèidh dhaibh a h-ionnsachadh.

Anns a' phàipear seo, le iomradh air dàta aithriseach, seallar mar a dh'fheumar gabhail ri seasamh iomairteach an ruith ionnsachadh na Gàidhlig, agus sònraichear cuid dhe na dùbhlanaidh a chuireas an seasamh iomairteach seo ro luchd-ionnsachaidh. Tha an t-adhartas a nì luchd-ionnsachaidh an crochadh air cho math as urrainn dhaibh gabhail ris an dreuchd iomairtich ùir romhpa, agus meòraichear air an dòigh a dh'fhaodadh leasachaidhean anns a' chlàr oideachaidh agus anns a' ghnìomh oideachaidh an cuideachadh nuair a

choinnicheas luchd-ionnsachaidh ris na dùbhlanan seo. Cuideachd, meòraichear air an dòigh a chuireas an tuigse air luchd-ionnsachaidh Gàidhlig inbheach mar iomairtichean cànan ris an tuigse fharsaing againn air ath-bheothachadh na Gàidhlig mar ghluasad sòisealta bhon bhonn a-nìos.

Mar thùs dàta dhan mheòrachadh a leanas, nithear sgrùdadh-cùise air eachdraidh na slighe ionnsachaidh Ghàidhlig a ghabh aon labhraiche dualchasach inbheach. Chaidh agallamh aithriseach a chumail ris an cois tionnsgnaidh rannsachaidh air luchd-ionnsachaidh dualchasach Gàidhlig, agus chaidh an t-agallamh aige a thaghadh dhan sgrùdadh domhainn anns a' phàipear seo air sàilleabh 's gun robh an t-agallaiche gu sònraichte fosgailte agus mionaideach mu na poileataics eadar-phearsanta an sàs ann an ionnsachadh na Gàidhlig mar inbheach. Nithear mion-sgrùdadh air aithris an neach-ionnsachaidh dhualchasaich seo agus seallar mar a chuir e a chùl ris 'an t-slighe a b' fhasa' agus gun do ghabh e ri cleachdadh na Gàidhlig mar thaghadh phoilitigeach ann an ruith an tionnsgnaidh-ionnsachaidh aige.

An Taghadh Poilitigeach no An t-Slighe as Fhasa

B' e neach-ionnsachaidh dualchasach a bh' anns an labhraiche ùr seo, a thaobh fèin-aithne agus a thaobh comais.² Thog e beagan Gàidhlig anns an dachaigh nuair a bha e òg agus tha ceanglaichean làidir aig a theaghlach ri cultar Gàidhealach nan Eileanan Siar. Chaidh a thogail ann an dachaigh anns an do chluinn e a' Ghàidhlig ga bhruidhinn agus anns an do bhruidhinn e fhèin a' Ghàidhlig gu h-ìre mar bhalach òg, ach air sàilleabh 's nach do bhruidhinn a phàrantan a' Ghàidhlig ris gu cunbhalach, cha do ràinig e làn-chomas anns a'

² Leis gu bheil saoghal na Gàidhlig cho beag agus leis gu bheil an earrann seo dhen aithisg a' togail dealbh mionaideach dhen aon agallaiche a-mhàin, thathas air cuid dhe na feartan pearsanta aig an agallaiche seo atharrachadh anns a' mhìneachadh a leanas gus nach tèid aithneachadh. Chaidh feartan a thaghadh nach buineadh gu dìreach ris an sgrùdadh a leanas.

Ghàidhlig gus an do dh'ionnsaich e gu foirmeil i mar inbheach. Bha athair às na h-Eileanan Siar agus bha a' Ghàidhlig aige o thùs, ach cha robh i aig a mhàthair agus cha do dh'ionnsaich a mhàthair a-riamh i. Dh'fhuirich a theaghlach air tìr mòr, taobh a-muigh na Gàidhealtachd, agus ged a bha a' Ghàidhlig ga bruidhinn am measg nam ball inbheach dhen teaghlach air taobh athar, cha deach a' Ghàidhlig a chleachdadh mar chànan ghnàthasach anns an dachaigh. A dh'aindeoin sin, bha cultar na Gàidhlig cudromach dha theaghlach. Dh'aithris an t-agallaiche gun cuala e an cànan aig seirbheisean Gàidhlig anns an eaglais, gun do dh'ionnsaich e òrain Ghàidhlig aig aois òg, agus gum b' ann tric a chosgadh a theaghlach saor-làithean anns na h-Eileanan Siar.

Mhìnich an t-agallaiche gun do chinn a thuigse mu phoileataics mhion-chànanan gu sònraichte an dèidh dha dachaigh a phàrantan fhàgail, nuair a chosg i greis a' fuireach anns a' Chuimrigh:

So then from there when I was 17 I moved to Wales and I suppose that did spark something in me in Wales, I mean obviously because how their language works there and how you know the revival that they've had with their language and just how every day the Welsh language is used. [...] But then [I] went to work at [name of organization] and the two women that I worked with, there were three of us working in the office, and the two women were both Welsh speakers and I remember at the time – by that time I had some kind of political idea of language and minority languages and stuff like that, so I knew that when I was in the office with them, I just [said], “Well just speak in Welsh. If I don't understand I'll ask you. If it's really important and it's got somebody's life is depending on it, then ask me in English. But up until that point you may as well just ask me in Welsh.”

Ann an aithris ghoirid seo, mhinich an t-agallaiche gun do las rudeigin ùr na inntinn nuair a ghuais e dhan Chuimrigh aig aois 17. Thug e iomradh air Ath-bheothachadh na Cuimris agus air “some kind of political idea of language and minority languages”, ach nuair a leudaich e air an tèama seo, cha do bhruidhinn e air poileataics na Cuimris aig ìre na stàite, ach air poileataics cànan l àitheil, eadar-phearsanta, agus gun do bhrosnaich e dithis eile a bha ag obair ann an oifis còmhla ris gus a’ Chuimris a bhruidhinn ma choinneimh. Na b’ fhaide air adhart anns an agallamh, mhinich e, tron chleachdadh seo, gun do dh’ionnsaich e beagan Cuimris, chun na h-ìre gun robh e comasach dha bruidhinn mu rudan làitheil anns an oifis anns a’ chànan.

A’ beachdachadh air na h-adhbharan nach do thog athair anns a’ Ghàidhlig e, thug an t-agallaiche iomradh air a’ ghnàthas nach bu chòir do labhraichean Gàidhlig a’ Ghàidhlig a bhruidhinn mu choinneimh labhraichean aona-chànanach Beurla:

I mean it does really frustrate me, is it still is considered rude to speak in Gaelic [if there are non-Gaelic speakers present ...] and certainly [my father] didn’t have that political idea behind, and I suppose it is political, behind choosing to speak Gaelic. He didn’t have that, it was kind of just path of least resistance, easier stuff, because you know why would you?

Ann an rannsachadh air caochladh choimhearsnachdan dà-chànanach far a bheil mion-chànan agus mòr-chànan gam bruidhinn tac a chèile, b’ ann tric a chaidh mothachadh do ghnàthas air an do chuir Jaffe “the politeness rule of linguistic accommodation” (1999, 102; faicibh cuideachd: McEwan-Fujita 2010, 46; Woolard 1989, 69–77) A rèir a’ ghnàthais chòrdaidh seo, gus a bhith modhail, cha bu chòir do labhraichean dà-chànanach am mion-chànan a bhruidhinn am fianais labhraichean a thuigeas am mòr-chànan a-mhàin. Ged a thuigeas

labhraichean an gnàthas seo mar cheist mhodh, is dòcha, 's ann fìchte agus am falach anns a' ghnàthas a tha ceistean eile mu chumhachd eadar labhraichean an dà chànan: Cò an cànan leis an inbhe as àirde anns a' choimhearsnachd? Gus fuireach agus conaltradh anns a' choimhearsnachd, am feumar am mòr-chànan no am mion-chànan ionnsachadh no a dhà? Agus cò thaghas an cànan a thèid a labhairt ann an diofar shuidheachaidhean?

Anns an teaghlach aigesan, mhìnich an t-agallaiche gun do bhruidhinn athair a' Bheurla anns an dachaigh air sàilleabh 's nach robh a' Ghàidhlig aig a mhàthair. Mhìnich an t-agallaiche nach robh athair poiliteagach aig an àm sin ann an dòigh a leigeadh leis a dhol as àicheadh a' ghnàthais chòrdaidh agus gun do lean e "[the] path of least resistance", mar a chuir an t-agallaiche air. Anns an sgrùdadh aice air iomairt ath-bheothachadh na Corsacais, sheall Jaffe gu bheil prìs shòisealta ri ìoc nan rachte as àicheadh a' ghnàthais chòrdaidh gus mion-chànan a bhruidhinn:

And, as some of my descriptions of highly dedicated linguistic militants shows, dedicated use of Corsican has a social price. This is because it violates politeness codes that require accommodation to the speaker, and generally gives precedence to the speaker's political/ideological agenda rather than to the congeniality of interpersonal interactions.

(Jaffe 1999, 283)

Mar a mhol an t-agallaiche, chan eil e coltach gun gabhadh labhraiche ris a' phrìs shòisealta seo as aonais tuigse poiliteagich air na ceistean gu h-àrd a thaobh taghaidh chànan agus cumhachd, as aonais "critical awareness" mu chleachdadh chànan, mar a chuir Chrisp air (2005). As aonais tuigse poiliteagich, ghabhadh labhraichean Gàidhlig ris an "road of least resistance" agus bhruidhneadh iad a' Bheurla am fianais labhraichean Beurla aona-

chànanach. Chleachd an t-agallaiche an abairt “the road [or path] of least resistance” corra uair anns an agallamh aige agus e ga h-iomsgaradh ris an t-seasamh a thaobh taghaidh chànanain a ghabhar mar thoradh air tuigse phoilitigeach:

Because you know the good friends that I had at the time with Gaelic, their Gaelic was too good for me to – you know my Gaelic wasn’t good enough to be able to converse in any kind of meaningful way and they were friends and so therefore you just took the path of least resistance always.

An seo, tha an t-agallaiche a’ mineachadh mar a bha cleachdadh na Gàidhlig am measg nan caraidean aige mus do thòisich e air a’ Ghàidhlig ionnsachadh gu dian mar inbheach. Chuir an t-agallaiche air adhart, air sàilleabh ’s nach robh comas Gàidhlig àrd aige aig an àm agus a chum “the congeniality of interpersonal interactions” (Jaffe 1999, 283), gun leanadh e fhèin agus a charaidean “the path of least resistance” agus gum bruidhneadh iad a’ Bheurla, ged nach faigheadh an t-agallaiche cothrom a’ Ghàidhlig aige a mhathachadh mar thoradh. Aig an àm seo, cha robh adhbhar poilitigeach aig an agallaiche a’ Ghàidhlig a thaghadh agus a’ chosgais shòisealta ìoc a thigeadh an lùib an taghaidh sin, agus mar sin, chùm e fhèin agus na caraidean aige ris a’ Bheurla, ach mhinich e, rè ùine, agus fhad ’s a chaidh e na bu dlùithe an sàs ann an cultar na Gàidhlig, agus gu sònraichte, an sàs ann an coisir Ghàidhlig, gun tàinig e chun a’ cho-dhùnaidh gun robh e rudeigin meallta e fhèin a chur air adhart mar sheinneadair Ghàidhlig gun a’ Ghàidhlig aige gu fileanta. Is coltach cuideachd gun robh a’ Ghàidhlig a’ fàs na bu chudromaich dha air adhbharan fèin-aithne – na fhaclan fhèin, gun tàinig e a-steach air “[that Gaelic] belongs to me and I haven’t got it” – agus mar sin, rinn e co-dhùnadh e fhèin a chlàradh air cùrsa dian Gàidhlig agus a’ Ghàidhlig ionnsachadh gu fileanta mar inbheach.

Aon uair 's gun do thòisich an t-agallaiche air a' chùrsa Ghàidhlig dhian aige, mhothaich e do dh'atharrachadh eile anns an tuisge aige air taghadh cànanain agus na prìsean sòisealta a bhiodh na lùib:

I guess often doing something like that, shifting your home and giving up your job and doing all of that sort of stuff, it kind of focuses the mind slightly.

There's a point where you just kind of go "Well this has to work for me, I've put not just myself, but also [my partner] has invested too much in this for it not to work. So if I'm going to feel like an arse, well too bad" kind of thing.

Gus a' Ghàidhlig ionnsachadh, dh'fhàg an t-agallaiche an obair aige agus chaidh e air imrich gu fuireach na b' fhaicge air a' chùrsa aige. Chuir an t-agallaiche agus a chèile am beatha bonn-os-cionn gus am b' urrainn dhan agallaiche a' Ghàidhlig ionnsachadh. Chuir an dithis aca uibhir a-steach dhan tionnsgnadh ionnsachaidh aig an agallaiche 's nach robh na cosgaisean sòisealta an lùib cleachdadh na Gàidhlig a-nis cho cudromach dha; bha e fada na bu chudromaich dha gun ionnsaicheadh e a' Ghàidhlig, agus mar sin, gun cleachdadh e i. Mhol e "pushing yourself into as many situations as you possibly could [to use Gaelic]" mar an dòigh a chleachd e fhèin gus làn-chomas anns a' chànan a ruigsinn. Thòisich e ga fhighhe fhèin a-steach dha na lìonraidhean Gàidhlig mun cuairt air na bheatha. Chleachd e na cothroman conaltraidh a nochd mun cuairt air a' chùrsa aige, am measg nan oileanach eile air a' chùrsa, gus a' Ghàidhlig a chleachdadh gu sòisealta, ach cuideachd, chleachd e a' Ghàidhlig ri labhraichean Gàidhlig eile anns an taigh-seinnse anns an do dh'obraich e, agus aig a' cheann thall, ris a' phoball agus ri co-obraichean nuair a fhuair e obair anns na meadhanan Gàidhlig.

Mhìnich e gun robh na làraichean cleachdaidh seo cudromach dha, gun do thabhainn iad cothroman dha a' Ghàidhlig aige a mhathachadh agus a stèidheachadh fhèin mar labhraiche Ghàidhlig ùr:

Then people like [the manager] in the pub would always speak in Gaelic to me and would give me a telling off if she heard me speaking in English to somebody who had Gaelic. Again that was partly to do with the language policy [of the pub] as well, but also she was just like “No, you’re going to do this. There’s no point in you [speaking English]”.

Fhuair e taic bhon mhanaidsear aige, aig an robh tuigse phoilitigeach air cleachdadh na Gàidhlig is coltach, ach cuideachd, fhuair e taic bhon poileasaidh cànanain làidir Ghàidhlig a bha an reachd anns an taigh-seinnse anns an do dh’obraich iad. Mhìnich e gun robh e gu sònraichte oideachail dha nuair a thòisich e ag obair anns na meadhanan Gàidhlig, agus nach robh taghadh aige an uair sin ach gum bruidhneadh e le iomadh diofar dhaoine air iomadh diofar chuspair anns a’ Ghàidhlig.

Ged a fhuair e cuideachadh bho labhraichean Gàidhlig eile agus bho shructaran taiceil mar am poileasaidh cànanain anns an taigh-seinnse, anns an fharsaingeachd, mhìnich an t-agallaiche gum feumadh e fhèin mòran dhen obair a dhèanamh gus a’ Ghàidhlig a bhruidhinn agus gum feumadh e fhèin strì aig amannan nuair nach robh labhraichean eile cho deònach a’ Ghàidhlig a chleachdadh ris. Dh’fheumadh e gabhail ri seasamh adhartach iomairteach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig gus e fhèin fhisge a-steach anns na lìonraidhean Gàidhlig mun cuairt air agus gus e fhèin a stèidheachadh mar labhraiche Gàidhlig ùr. Bha tuigse phoilitigeach aig an agallaiche air a’ Ghàidhlig mar mhion-chànan ann an cunnart agus air na dùbhlanan eadar-phearsanta a thigeadh an lùib cleachdadh na Gàidhlig mar thoradh air inbhe

lag a' chàinain. Dhealbhaich e na dùbhlannan seo gu grin le iomradh air oileanaich eile air a' chùrsa aige nach do thuig poileataics na Gàidhlig anns an aon dòigh agus nach do rinn oidhirp gus a' Ghàidhlig a bhruidhinn, ach a-mhàin, nuair a bha an t-oide aca anns an t-seòmar-theagaisg còmhla riutha:

I mean I think there are very few people alive today that have a better command of Gaelic than they do of English. There may be some people few and far between that have an equal command of both languages, but I don't think – I think they are very, very much in the minority. So people have to make a political choice to use Gaelic and the only time [the other students] were making that political choice, [...] when the teacher walked into the room, they'd go into Gaelic. That was their political choice, but they didn't see the politics, they didn't get the politics of understanding that between each other they could have actually made a real difference to an awful lot of their learning and all of that sort of stuff, if they did, but it's very difficult [to speak Gaelic] if you're in a group of eight [other students] and they are all speaking in English.

Chan eil dàta deimhinn againn air a' cheist, ach tha e gu math coltach gu bheil an t-agallaiche ceart an seo nuair a mheas e gu bheil a' mhòr-chuid de labhraichean Gàidhlig anns an latha an-diugh nas comasaich anns a' Bheurla na tha iad anns a' Ghàidhlig. Is coltach gum biodh seo fìor a thaobh cuid de labhraichean dùthchasach nas sine, ach bhite an dùil gum biodh comasan Beurla na bu treasa gu sònraichte bitheanta am measg labhraichean Gàidhlig òga agus labhraichean ùra. (cf. O'Hanlon 2012) Mar sin, ann am mòran shuidheachaidhean conaltraidh agus eadar mòran diofar labhraichean Gàidhlig, bhiodh e na b' fhasa a' Bheurla a bhruidhinn, agus mar a mhinich an t-agallaiche, nam bruidhneadh daoine a' Ghàidhlig a

dh'aindeoin gum biodh e na bu dorra dhaibh, b' e taghadh poilitigeach a bhiodh ann, taghadh a dhèanadh labhraichean gu fèin-mhothachail seach cleachdadh a dhèanadh iad mar ghnàthas.

Agus mar a tha comasan Gàidhlig air fàs lag aig ìre an neach fa leth, tha na sructaran an taic ri cleachdadh na Gàidhlig air fàs lag air ìre shòisealta, a' toirt dùbhlann eile do labhraichean Gàidhlig. Ged a tha breacadh de làraichean nuadh air an cur air dòigh ann an Alba a-nis anns a bheil poileasaidhean cànanan an sàs a chuireas taic ri ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig – m.e.: sgoiltean agus ionadan Gàidhlig no àiteachan-obrach Gàidhlig – chan eil sgìrean traidiseanta air fhàgail ann an Alba tuilleadh far an tèid a' Ghàidhlig a bhruidhinn mar chànan gnàthasach na coimhearsnachd. Tha a' Ghàidhlig air a dhol na cànan lìonraidh air feadh na dùthcha a-nis, agus mar sin, tha na sructaran sòisealta ann an coimhearsnachdan sgìreil traidiseanta a chuireadh taic ri buannachadh agus cleachdadh na Gàidhlig anns na làithean a dh'aom air crìonadh air falbh. Gu h-ìre a-nis, agus gu h-ìre mhòir anns an àm ri teachd, ma bhios daoine ag iarraidh a' Ghàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh, bidh iad an eisimeil shuidheachaidhean conaltraidh Gàidhlig a chruthaicheas iad fhèin *de novo* agus gun taic bho sructaran sòisealta anns a' chomann fharsaing mu cuairt orra. Bruidhnidh daoine a' Ghàidhlig chun na h-ìre 's gum b' urrainn dhaibh lìonraidhean Gàidhlig fhisge mun cuairt orra fhèin nam beatha. 'S e saothair fhèin-mhothachail a bhios an seo a nì labhraichean air adhbharan ideòlach, seach gnìomh 'nàdarra' a thig gu buil air sàilleabh 's gun deach labhraichean a thogail ann an coimhearsnachd Ghàidhlig sgìreil. (Armstrong 2014; ri teachd; MacCaluim 2007a,b)

Ionnsachadh agus Ath-bheothachadh na Gàidhlig mar Iomairt

Rinn Walsh agus Ní Dhúda rannsachadh air labhraichean ùra Gàidhlig na h-Èireann anns na Stàitean Aonaichte, agus sheall iad mar a dh'iomairt na labhraichean gus lìonraidhean-

labhairt ùra a chruthachadh agus a dhìon dhaibh fhèin los Gàidhlig na h-Èireann a bhruidhinn nam beatha làitheil. Chuir aon agallaiche air adhart gum feum luchd-ionnsachaidh Ghàidhlig ‘Gàidhealtachdan’ pearsanta a chruthachadh dhaibh fhèin nan soirbhicheadh leotha ann an ionnsachadh na Gàidhlig anns na Stàitean Aonaichte:

bhí muid ag iarraidh just ár cineál ár Ghaeltacht fhéin a chruthú. Sin an rud a deir a deirimse fhéin i gcónaí ‘Caithfidh tú do Ghaeltacht fhéin a chruthú más maith leat Gaeilge a fhoghlaim’.³

(Walsh & Ní Dhúda 2015, 183)

Bhite an dùil, nan rachadh Gàidhlig na h-Èireann a chleachdadh anns na Stàitean Aonaichte is i na cànan lìonraidh fada-sgapte anns an dùthaich sin, gum feumadh labhraichean na cothroman-labhairt aca fhèin a chruthachadh gu h-ìre mhòir, ach leis cho tana ’s a tha dùbhlachd nan labhraichean Gàidhlig air fàs air feadh na h-Alba, fiù ’s anns na sgìrean traidiseanta, tha e reusanta a chreidsinn gu bheil e a’ sìor dhol na riatanas a-nis gum feum labhraichean inbheach Gàidhlig uile na cothroman-labhairt aca fhèin a rèiteachadh, ge b’ e càit a bheil iad a’ fuireach: air Machair na h-Alba, air a’ Ghàidhealtachd, no eadhan anns na h-Eileanan Siar. Air feadh na dùthcha a-nis, tha a’ Ghàidhlig air caochladh bho chànan sgìreil gu cànan lìonraidh (Armstrong ri teachd), agus mar thoradh, mus tèid a’ Ghàidhlig a chleachdadh, feumaidh labhraichean Gàidhlig ‘Gàidhealtachdan beaga pearsanta’ a chruthachadh agus a dhìon mun cuairt orra fhèin nam beatha: nan teaghlaichean, nan àiteachan-obrach, am measg charaidean agus mar sin air adhart.

³ “bhitheamaid ag iarraidh *just* caran ar Gàidhealtachd fhéin a chruthachadh. Sin an rud a chanas mise an còmhnaidh, ‘Feumaidh tu do Ghàidhealtachd fhéin a chruthachadh mas miann leat Gàidhlig ionnsachadh’.”

Mar a chuireadh an cèill aig toiseach a' phàipear, chan ionnan buannachadh dàrna cànan bhig fo chunnart mar a' Ghàidhlig agus buannachadh dàrna cànan mhòir thèarainte mar chànan cèin. Tha an dà thionnsgnadh-ionnsachaidh gu bunasach eadar-dhealaichte, aig ìre shòisealta co-dhiù. Ma bhios cuideigin ag ionnsachadh na Fraingis mar chànan chèn is iad ag iarraidh an Fhraingis a chleachdadh taobh a-muigh an t-seòmair-theagaisg, tha mòran sgìrean aca air feadh na cruinne far a bheil an Fhraingis ga stèidheachadh mar chànan oifigeil choitcheann, leis a h-uile sructar sòisealta an taic ri cleachdadh na Fraingis a thig an lùib na h-inbhe sin, agus faodaidh an neach-ionnsachaidh tadhail air na sgìrean sin agus an Fhraingis a chleachdadh gun cus strì. A rèir mar a tha na comasan Fraingis aca aig an àm, dh'fhaodadh e a bhith doirbh dhaibh aig ìre chonaltraidh, ach aig ìre shòisealta, cha bhi duilgheadasan aca labhraichean fileanta a lorg leis an chleachd iad an Fhraingis. Chan eil an aon chothrom aig cuideigin a tha ag ionnsachadh mion-chànan lionraidh mar a' Ghàidhlig ge-tà. Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, mus cleachd luchd-ionnsachaidh a' Ghàidhlig, feumaidh iad am fighe fhèin a-steach anns na lionraidhean Gàidhlig mun cuairt orra, no fiù 's, lionraidhean Gàidhlig ùra a chruthachadh dhaibh fhèin, agus gus soirbheachadh anns a' ghnìomh seo, bidh aca ri comasan sòisealta sònraichte ionnsachadh, comasan dà-chànanach eadar-phearsanta nach faighear tro chleachdadh cànan làidir nàiseanta mar a' Bheurla no mar an Fhraingis. (Armstrong 2013b)

Dh'fhaodadh an gnìomh iom-fhillidh seo a bhith gu sònraichte doirbh don chuid aig a bheil dàimh ris a' Ghàidhlig mar-thà. Eu-choltach ri mòran a dh'ionnsaicheas mòr-chànanan mar chànanan cèin, is ainneamh an neach a thig gu ionnsachadh na Gàidhlig a tha uile gu lèir gun cheangal rithe ann an dòigheigin. (MacCaluim 2007, 148–9, 157, 160, 190–4; McLeod *et al.* 2010, 23–6) Is dòcha gu bheil iad ag obair ann an gnìomhachas le poileasaidh chànan an taic ri cleachdadh na Gàidhlig; no gu bheil coimhearsnaich aca no caraidean dhaibh aig a' bheil a' Ghàidhlig; no gu bheil an clann-san ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig; no

gu bheil a' Ghàidhlig aig am pàrantan no aig daoine eile nan teaghlach. Bidh cothroman aig mòran luchd-ionnsachaidh a' Ghàidhlig a bhruidhinn ri daoine nam beatha fhèin, ach cha bhi seo daonnan furasta air sàilleabh 's gun àbhaist dhaibh a' Bheurla a bhruidhinn ris na daoine dà-chànanach seo. Chan eil e daonnan furasta an dàimh chànanach atharrachadh le cuideigin agus gluasad bho chleachdadh mòr-chànan anns a bheil an dithis làn chomasach gu mion-chànan a tha aonan dhen dithis, co-dhiù, fhathast ag ionnsachadh. Chuir Spolsky an abairt “the inertia condition of language choice” air a' bhacadh seo, agus as aonais chomasan eadar-phearsanta freagarrach, dh'fhaodadh duilgheadasan mòra a bhith aig labhraichean ùra ann an tionndadh chun na Gàidhlig le daoine eile nam beatha làitheil mar thoradh. (Spolsky 1991, 146; faicibh cuideachd: Armstrong 2014; McEwan-Fujita 2010; Smith-Christmas & Armstrong 2014)

Molar anns an fharsaingeachd, gus mion-chànan lionraidh mar a' Ghàidhlig a chleachdadh anns an aona linn air fhichead, gun feum labhraichean ùra seasamh iomairteach a ghabhail a thaobh cleachdadh na Gàidhlig aig a' mhion-ìre agus suidheachaidhean conaltraidh Gàidhlig a chruthachadh agus a dhìon nam beatha fhèin. (cf. Trosset 1986: 175) Tha an gnìomh sòisealta àraid seo ag iarraidh comasan sònraichte nach ionnsaichear tro bhallrachd ann an coimhearsnachd-labhairt mhòr-chànain nàiseanta mar a' Bheurla, no ann an coimeas, tro ionnsachadh mòr-chànan làidir mar an Fhraingis mar chànan chèn. Ach mar a shealladh gu h-àrd, feumaidh luchd-ionnsachaidh Gàidhlig seasamh iomairteach a ghabhail ma shoirbhicheas leotha ann an ionnsachadh na Gàidhlig agus gluasad gu cleachdadh na Gàidhlig gu gnìomhach taobh a-muigh an t-seòmair-theagaisg. Mar sin, tro ionnsachadh na Gàidhlig gu soirbheachail, buannaichidh luchd-ionnsachaidh na dearbh chomasan eadar-phearsanta agus gabhaidh iad ris an dearbh sheasamh iomairteach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a bhios a dhìth orra mar labhraichean Gàidhlig fileanta gnìomhach anns a' bheatha aca anns an àm ri teachd. Seo na thathas a' ciallachadh nuair a chuirear air adhart an seo gun

tuigear ionnsachadh na Gàidhlig mar ghnìomh iomairteach agus nuair a chumar a-mach gum faigh luchd-ionnsachaidh sealladh iomairteach air poileataics eadar-phearsanta na Gàidhlig a bheir buaidh air an t-seasamh a ghabhas iad a thaobh cleachdadh na Gàidhlig anns an àm ri teachd mar labhraichean ùra fileanta.

Anns an rannsachadh aca air labhraichean ùra Gàidhlig, lorg McLeod agus O'Rourke gun gabh cuid a labhraichean ùra ri seasamh iomairteach a thaobh na Gàidhlig anns an fharsaingeachd, chan ann a-mhàin mar riatanas dhen tionnsgnadh-ionnsachaidh aca, ach cuideachd mar sheasamh ris an cùm iad mar chomharra air an fhèin-aithne aca mar labhraichean fileanta, agus a leanas tric gu seasamh iomairteach ann an iomairt an ath-bheothachaidh mar ghluasad sòisealta:

As in other minority language contexts, some new speakers of Gaelic seem to position themselves as important drivers of language revitalisation efforts, and as a group who purposely and consciously act as agents of social change.

(McLeod & O'Rourke 2015, 169)

Ma tha dàimh ann eadar gnìomh an ionnsachaidh agus an seasamh iomairteach mar a chuirear air adhart anns a' phàipear seo, thuigear mar sin mar a tha labhraichean ùra tric cho pailt ann an iomairtean bonn-a-nìos an taic ri cànanan ann an cunnart: tha an eachdraidh-ionnsachaidh acasan gan deisealachadh gu obair às leth a' chànain ùir aca. Leis cho dùbhlach sa bhios e aig amannan cànan beag ionnsachadh, tha "ideological commitment" dhan chànain feumail dhan neach-ionnsachaidh gus faighinn tron ghnìomh (O'Rourke & Ramallo 2015, 160), agus aig ceann a' ghnothaich, nuair a bhios labhraichean ùra air an cànan a bhuannachadh gu soirbheachail, chan eil e na iongnadh gun lean an dealas ideòlach aca gu obair ideòlach anns an ath-bheothachadh. Ma tha foghlam inbheach gu sònraichte cudromach do dh'iomairtean

ath-bheothachaidh mar ghluasadan sòisealta, 's ann air sàilleabh 's gun tig luchd-ionnsachaidh gu cànan beag ann an cunnart leis an dealas ideòlach seo. (MacCaluim 2007a, 84–5; Ó hÍfearnáin 2015, 58–9) Thar a h-uile nì eile, 's e gnìomh ideòlach a th' ann an ath-bheothachadh cànan far an saothair labhraichean cànan fo chunnart a chum tuigse a' phobail atharrachadh mu inbhe agus cleachdadh a' chànan aca (Armstrong 2013a), agus is dòcha, am measg na h-obrach ideòlaich as cudromaich a nì labhraichean ùra aig a' mhion-ìre nam beatha làitheil, 's e gun tèid iad as àicheadh a' ghnàths chòrdaidh chànanaich a bhios cho bitheanta na h-eileamaid dhen ideòlas chànan an cois chànanan beaga fo chunnart.

Is àbhaist gun dèan labhraichean còrdadh ris na co-labhraichean aca, a thaobh blais, briathrachais agus cànan, ach nuair a tha dà chànan a' suathadh ri chèile, fear dhiubh fo chunnart agus am fear eile mòr agus ga dhìon le sructaran sòisealta cumhachdach, 's ann a bhios an còrdadh seo na dhòigh tron tèid gluasad cànan a rèiteachadh aig a' mhion-ìre a dh'ionnsaidh cleachdadh a' chànan mhòir (cf. Gafaranga 2010), agus mar an ceudna, 's ann tro dhiùltadh còrdaidh chànanaich a nithear saothair ideòlach an taic ri cleachdadh cànan bhig ann an cunnart:

“[...] nonaccommodation by a bilingual member of one ethnic group can still be an important cue for maintaining the language of one's own group despite any predispositions toward accommodation.”

(Giles, Taylor & Bourhis 1973, 187)

Mhìnich an neach-ionnsachaidh dualchasach anns an agallamh aige gun robh am modh an aghaidh cleachdadh na Gàidhlig am fianais labhraichean aon-chànanan Beurla na bhacadh mòr ron Ghàidhlig na bheatha, agus gun do ghabh e ri seasamh poilitigeach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig mar phàirt dhen chaochladh aige gu labhraiche Gàidhlig gnìomhach

mar inbheach. Agus 's ann air an alt seo a tha labhraichean ùra nan tairbhe do leasachadh cànanain bhig fo chunnart, oir, nuair a nì iad an caochladh gu labhraichean gnìomhach, 's ann tric a bheir iad cuibhreann dhen choimhearsnachd-labhairt Ghàidhlig air adhart còmhla riutha, gu h-àraidh ma tha iad, mar luchd-ionnsachaidh dualchasach, air am fighe anns a' choimhearsnachd sin gu h-ìre mar-thà (faicibh cuideachd MacCaluim 2007a, 90–1).

Mholadh anns a' phàipear seo gur e an lionsa as bunasaich tron sgrùd sinn ath-bheothachadh-cànain an sealladh iomairteach. Chan e nach eil lionsan eile cudromach — mar an sealladh poileasaidh, an sealladh soiseochànanach, no an sealladh foghlaim — agus chan e nach eil àrd-sructaran mar sholar foghlaim stàite no solar sheirbheisean poballach a' toirt buaidh làidir air dàn mhion-chànanan, ach 's e gur e *einnsean* an ath-bheothachaidh an iomairt bhon bhonn a-nìos. 'S ann às na freumhan a thig an iomain air cùl ath-bheothachadh cànanain. Mur h-eil an t-iarrtas sin aig a' bhonn-ìre, am measg labhraichean coitcheann, agus iad deònach strì airson a' chànanain aca fhèin, deònach a dhol an sàs ann am poileataics cànanain nam beatha fhèin, cha dèan solar bhon bhàrr a-nuas cus diofar. Agus nas motha na sin, fiù 's ma tha na h-àrd-sructaran bacach, agus ùghdarrasan na stàite ag obair gu spreigeach an aghaidh an ath-bheothachaidh, ma tha an iomairt làidir gu leòr aig a' bhonn-ìre, thig piseach air cor a' chànanain. Mar a mhol O'Rourke agus Ramallo, tha an dreuchd shònraichte aig labhraichean ùra ann an iomairtean ath-bheothachaidh nas fhasa a thuigsinn, ma ghabhas sinn ri “language conflict perspective” (2015, 147) air gluasad-cànain, agus a' coimhead air ath-bheothachadh-cànain mar ghnìomh bonn-a-nìos:

Becoming a new speaker thus requires innovative action through an appropriation of a new linguistic space as well as a commitment to the transformation of society from below. In doing so, there could be said to be a

rejection of the existing status quo, through a shift away from the majority language.

(O'Rourke & Ramallo 2015, 153)

Thèid na làraichean cànanach ùra seo a thuigsinn mar na “free spaces” a dhealbhaich Polletta agus Jasper, làraichean far an leasaich iomairtichean “counterhegemonic ideas and oppositional identities” (2001, 288) ann an gluasadan sòisealta. Mar a mhìnich an neach-ionnsachaidh dualchasach gu h-àrd, b’ ann ann an àiteachan obrach Gàidhlig agus Cuimris agus ann an ionad foghlaim Gàidhlig a leasaicheadh an sealladh poilitigeach aige air cleachdadh na Gàidhlig agus an fhèin-aithne aige mar labhraiche ùr Gàidhlig. Nì labhraichean ùra saothair gus làraichean ùra fhosgladh dhan Ghàidhlig, bho shuidheachaidhean foirmeil mar àiteachan-obrach Gàidhlig air an dàrna làimh, gu suidheachaidhean mì-fhoirmeil mar dhachaighean Gàidhlig no dàimhean eadar-phearsanta ann an lìonraidhean Gàidhlig (‘Gàidhealtachdan pearsanta’) air an làimh eile, agus ’s ann anns na làraichean seo a chuirear ideòlasan agus fèin-aithneachan iomairteach ùra air adhart a neartaicheas ath-bheothachadh na Gàidhlig mar ghluasad sòisealta.

Tha dùbhlanan agus cothroman mòra ro luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig anns an t-seagh seo, agus chan eil e idir coltach gum biodh am modh-teagaisg cànan a bu gnàthasaich anns an RA — modh-theagaisg a’ chànain chèn — gan ullachadh gu ceart dhan obair romhpa. Is àbhaist gun tèid cànan cèn a theagasg gu h-ìre mhòir mar sructar cànanach, mar rian riaghailtean gràmair agus corpas briathrachais, gun cus co-theacsa sòisealta na lùib. Is dòcha gun nochd beagan fiosrachaidh mun chultar targaide anns a’ churaicealaim, ach chan eilear idir an dùil, mar as tric, gun tèid luchd-ionnsachaidh cànan chèn an sàs ann an iomairt phoilitigeach às leth a’ chànain ùir aca, no gum feum iad strì gus am fighe fhèin a-steach ann

an lìonraidhean cànanain sgapte, agus mar thoradh, cha tèid cànanan cèin a theagasg ann an dòigh a fhreagras air a leithid de shuidheachadh.

Stèidhichte air an sgrùdadh a rinneadh gu h-àrd, molar gu bheil oideòlas ùr a dhìth oirnn airson ionnsachadh inbheach na Gàidhlig, oideòlas nach eil bonntaichte air modal teagasg a' chànain chàin, air an dòigh a thèid Fraingis no Gearmailtis a theagasg gu inbhich agus deugairean anns an RA mar eisimpleir, ach oideòlas a tha bonntaichte air an tuigse gu bheil ionnsachadh agus cleachdadh mion-chànain fo chunnart mar a' Ghàidhlig gu tur eadar-dhealaichte bho ionnsachadh agus cleachdadh mòr-chànain nàiseanta mar a' Bheurla. Tha oideòlas a dhìth oirnn a tha onarach agus soilleir mu shuidheachadh na Gàidhlig agus mar a thèid a' Ghàidhlig a chleachdadh anns an latha an-diugh, oideòlas bonntaichte air an tuigse gu bheil a' Ghàidhlig ga bruidhinn mar chànain lìonraidh air feadh na h-Alba a-nis, agus mar sin, gus a' Ghàidhlig a chleachdadh gu gnìomhach, gum feum labhraichean ùra am fighe fhèin a-steach anns na lìonraidhean mun cuairt orra nam beatha, obair a dh'fhaodadh a bhith gu math dùbhlach aig amannan. Ann am prògram-ionnsachaidh dha leithid, gheibh luchd-ionnsachaidh oideachadh soilleir mu shuidheachadh sòisealta na Gàidhlig anns an latha an-diugh agus stiùireadh mionaideach air na seòrsa ro-innleachdan eadar-phearsanta a bhios a dhìth orra gus am fighe fhèin a-steach ann an lìonraidhean Gàidhlig gu soirbheachail agus gus 'Gàidhealtachdan pearsanta' a chruthachadh mun cuairt orra nam beatha.

Cuideachd, molar gu bheil oideòlas ùr a dhìth oirnn a tha bonntaichte air an tuigse gur e gluasad sòisealta a th' ann an ath-bheòthachadh na Gàidhlig, gluasad sòisealta anns am bi ròl cudromach, meadhanach aig luchd-ionnsachaidh. Tha oideòlas a dhìth oirnn a tha 'poilitigeach' anns an t-seagh gu bheil e ag ullachadh luchd-ionnsachaidh dhan chruth-tìre ideòlach a bhios romhpa mar labhraichean ùra Gàidhlig. Gu h-àrd, shealladh gun gabh luchd-ionnsachaidh ri fèin-aithne ùr an cois an ionnsachaidh aca, fèin-aithne mar labhraichean ùra *qua* iomairtichean-cànain làitheil, agus molar, gus an soirbhich leotha, gun tèid am brosnachadh anns an ròl ùr seo. Gu cànanach, chan eil ionnsachadh na Gàidhlig gu sònraichte doirbh, ach air sàilleabh 's gur e chànain fo chunnart a th' ann, dh'fhaodadh ionnsachadh na Gàidhlig a bhith gu math dùbhlach mar ghnìomh sòisealta. Tha labhraichean ùra Gàidhlig air obair dhoirbh a dhèanamh agus air comasan luachmhor a choisinn le

bhith a' tighinn gu fileantas ann an cànan fo chunnart mar a' Ghàidhlig, agus tha ròl deatamach aca ann an neartachadh beothaileachd na Gàidhlig anns an àm ri teachd. Is mithich gun tèid luchd-ionnsachaidh a theagasg an cuimse gu dìreach air an ròl ùr sin agus gun gabhar riutha mar làn bhuill ann an coimhearsnachd nan Gàidheal ma tha sinn idir an dòchas gun soirbhich leis an ath-bheothachadh agus gum mair a' Ghàidhlig mar chànan labhairte.

Dùnadh

Chuireadh air adhart anns a' phàipear seo, gus cànan beag fo chunnart mar a' Ghàidhlig ionnsachadh mar inbheach, feumar seasamh iomairteach a ghabhail a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann am beatha làitheil, agus gun toir an seasamh seo buaidh air an dòigh a chleachdas labhraichean ùra a' Ghàidhlig anns an àm ri teachd agus aon uair 's gun gabh iad an t-àite aca anns an saoghal na Gàidhlig mar labhraichean gnìomhach. Mholadh mar sin gur e foghlam inbheach soirbheachail aon dòigh chudromach anns an tèid iomairtichean cànan ùra a chruthachadh ann an iomairt ath-bheothachaidh. Ach leis cho sònraichte 's a tha na dùbhlanan iom-fhillidh ro luchd-ionnsachaidh Gàidhlig, chan eilear an dùil gum biodh foghlam cànan 'neodrach', foghlam gràmair-is-briathrachais, iomchaidh anns an t-suidheachadh seo, ach gum biodh foghlam ideòlach a dhìth, modh-teagaisg a tha soilleir dha na h-oileanaich mu shuidheachadh na Gàidhlig, a bheir ro-innleachdan cleachdaidh dhaibh gus faighinn seachad air na dùbhlanan a bhios romhpa, agus a bhios follaiseach mun t-seasamh iomairteach làitheil a ghabhas iad mar luchd-ionnsachaidh agus mar labhraichean ùra.

Buidheachas

Bu toil leam taing shònraichte a thoirt dhan neach-ionnsachaidh dhualchasach gun urra ris an do rinn mi an t-agallamh, agus an uair sin, a leugh dreach dhen phàipear seo agus thug

beachdan seachad oirre. Chaidh am pàipear seo a chuideachadh le còmhraidhean leantainneach air an tèama “labhraichean ùra” mar phàirt dhe lionraidh AE COST IS1307 dan ainm “New Speakers in a Multilingual Europe: Opportunities and Challenges”.

Tùsan

Armstrong, Timothy Currie (2013a) "Stèidheachadh Ideòlais-chànain Ùir; cnag na cùise ann an ath-neartachadh cànan ann an cunnart." Ann an: Colm Ó Baoill agus Nancy McGuire (Deas.), *Rannsachadh na Gàidhlig 6*, Obar Dheathain: An Clò Gàidhealach, 361–372.

Armstrong, Timothy Currie (2013b) "Why won't you speak to me in Gaelic?: Authenticity, Integration and the Heritage Language Learning Project." *Journal of Language, Identity, and Education*. 12(5), 340–356.

Armstrong, Timothy Currie (2014) "Naturalism and ideological work: How is family language policy renegotiated as both parents and children learn a threatened minority language?" *International Journal of Bilingual Education and Bilingualism*, 17(5): 570–585.

Armstrong, Timothy Currie (ri teachd) "A bheil i beò fhathast? A' Ghàidhlig mar chànan lìonraidh anns an aonamh linn air fhichead." *Rannsachadh na Gàidhlig 7*.

Chrisp, Steven (2005) “Māori intergenerational language transmission.” *International Journal of the Sociology of Language* 172, 149–181.

Coffey, Simon agus Street, Brian (2008) “Narrative and Identity in the ‘Language Learning Project’.” *The Modern Language Journal* 92, 452–464.

Dauenhauer, Nora Marks agus Dauenhauer, Richard (1998) “Technical, emotional, and ideological issues in reversing language shift: examples from Southeast Alaska.” Ann

- an: Lenore A. Grenoble agus Lindsay J. Whaley, (deas.), *Endangered Languages, Current issues and future prospects*. Cambridge, Cambridge University Press, tdd. 57–98.
- Gafaranga, Joseph (2010) "Medium request: Talking language shift into being." *Language in Society* 39(2), 241–270.
- Giles, Howard, Taylor, Donald M., and Bourhis, Richard (1973) "Towards a theory of interpersonal accommodation through language: Some Canadian data." *Language in Society* 2(2), 177–192.
- Hinton, Leanne. (2011) "Language revitalization and language pedagogy: New teaching and learning strategies." *Language and Education* 25(4), 307–318.
- Jaffe, Alexandra (1999) *Ideologies in action: Language politics on Corsica*. Berlin: Walter de Gruyter.
- MacCaluim, Alasdair. (2007a). *Reversing Language Shift: The Social Identity and Role of Adult Learners of Scottish Gaelic*. Belfast: Cló Ollscoil na Banríona.
- MacCaluim, Alasdair (2007b) "'More than Interesting': a' Ghàidhlig sa Bhaile Mhòr." Ann an Wilson McLeod (Deas.), *Gàidhealtachdan Ùra, Nua-ghaeltachtaí: Leasachadh na Gàidhlig agus na Gaeilge sa bhaile mhòr, Cur chun cinn na Gàidhlig agus na Gaeilge sa Chathair*. Ceiltis agus Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann, 19–30.
- McEwan-Fujita, Emily (2010) "Ideology, affect, and socialization in language shift and revitalization: The experiences of adults learning Gaelic in the Western Isles of Scotland." *Language in Society* 39, 27–64.
- McLeod, Wilson. (2002). "Alba: Luchd an Aona-Chànanais agus Buaidh na Cairt Eòrpaich." Ann an J. Kirk & D. Ó Baoill (Deas.), *Language planning and education: Linguistic issues in Northern Ireland, the Republic of Ireland, and Scotland*. Belfast: Cló Ollscoil na Banríona, 284–289.

- McLeod, Wilson, Irene Pollock, agus Alasdair MacCaluim. (2010). *Adult Gaelic Learning in Scotland: Opportunities, Motivations and Challenges*. Inverness: Bòrd na Gàidhlig.
- McLeod, Wilson, and Bernadette O'Rourke. (2015) "'New speakers' of Gaelic: perceptions of linguistic authenticity and appropriateness." *Applied Linguistics Review* 6 (2), 151–172.
- O'Hanlon, Fiona (2012) 'Celtic-medium education and language maintenance in Scotland and Wales: language use, ability and attitudes at the primary to secondary school stage,' Ann an Nancy R McGuire & Colm Ó Baoill (Deas.), *Rannsachadh na Gàidhlig* 6, Obar Dheathain: An Clò Gàidhealach, 323–354.
- Ó hIfearnáin, Tadhg. (2015) "Sociolinguistic vitality of Manx after extreme language shift: authenticity without traditional native speakers." *International Journal of the Sociology of Language* 231, 45–62.
- O'Rourke, Bernadette, and Fernando Ramallo. (2015) "*Neofalantes* as an active minority: Understanding language practices and motivations for change amongst new speakers of Galician." *International Journal of the Sociology of Language* 231, 147–165.
- Polletta, Francesca and Jasper, James M. (2001) "Collective Identity and Social Movements." *Annual Review of Sociology* 27, 283–305.
- Smith-Christmas, Cassie. (2016) *Family Language Policy: Maintaining an Endangered Language in the Home*. London: Palgrave Macmillan.
- Smith-Christmas, Cassie agus Armstrong, Timothy Currie (2014) "Complementary Reversing Language Shift Strategies in Education: The Importance of Adult Heritage Learners of Threatened Minority Languages." *Current Issues in Language Planning*, 15(3), 312–326.
- Spolsky, Bernard (1991) "Hebrew Language Revitalization within a general theory of second language learning." Ann an R. L. Cooper agus B. Spolsky (Deas.), *Influence of*

language on culture and thought: Essays in honor of Joshua a. Fishman's sixty-fifth birthday. Berlin: Walter de Gruyter, 136–156.

Spolsky, Bernard (2004) *Language Policy*. Cambridge: Cambridge University Press.

Walsh, John, and Wilson McLeod. (2008) "An overcoat wrapped around an invisible man? Language legislation and language revitalisation in Ireland and Scotland." *Language Policy* 7(1), 21–46.

Trosset, Carol S. (1986) "The social identity of Welsh learners." *Language in Society* 15(02), 165–191.

Walsh, John, and Laoise Ní Dhúda (2015) "'New speakers' of Irish in the United States: practices and motivations." *Applied Linguistics Review* 6 (2), 173–193.

Woolard, Kathryn Ann (1989) *Double talk: Bilingualism and the politics of ethnicity in Catalonia*. Stanford University Press: Stanford.